

## B-M30: An t-Eilean Sgitheanach

The Isle of Skye

Presenter: Derek Mackay



ÌRE: Bunaiteach-Meadhanach

CUSPAIR: Coltas agus cruinn-eòlas an Eilein Sgitheanaich

PUINGEAN CÀNAIN: An Tuiseal Tabhartach Singilte

"Tha", "'S e" agus "Dà agus ainmear singilte"

### DEREK:

Fàilte. Tha sinn anns an Eilean Sgitheanach. Tha an t-Eilean Sgitheanach air a' chosta an iar eadar tìr-mòr agus na h-Eileanan Siar.

Tha an costa an iar àlainn le lochan fada a' gearradh a-steach dha na beanntan air tìr-mòr, mar a tha Loch Nibheis agus Loch Shubhairne. Tha an dà loch seo faisg air an Eilean Sgitheanach, agus tha lochan fada anns an Eilean Sgitheanach cuideachd mar a tha Loch Sgàbhaig, agus e a' gearradh a-steach dhan Eilean.

Tha an t-Eilean Sgitheanach ainmeil. 'S e eilean mòr a th' ann, agus 's e eilean bòidheach a th' ann cuideachd, gu h-àraidh far a bheil na beanntan àrda, ainmeil - An Cuiltheann - ag èirigh gu cas às a' mhuir.

Ged a tha an t-Eilean Sgitheanach mòr, chan eil mòran daoine a' fuireach ann. Anns an latha an-diugh, tha mu dheich mìle duine a' fuireach anns an Eilean Sgitheanach, agus tha a' chuid mhòr de na daoine a' fuireach ann am bailtean beaga, mar a tha Tarsgabhaig ann an Slèite.

Tha bailtean nas motha anns an Eilean, ged-thà. 'S e an ceann a deas a tha faisg air tìr-mòr, agus tha dà bhaile car mòr anns a' cheann a deas. 'S e Caol Àcain aon de na bailtean sin. Tha an drochaid ann a-nis, ach bha aiseag ann aig aon àm eadar Caol Àcain agus an Caol air tìr-mòr. 'S e baile mòr a th' anns a' Chaol cuideachd, le trèanaichean gu Inbhir Nis.

LEVEL: Beginner-Intermediate

TOPIC: Topography and geography of the Isle of Skye.

LINGUISTIC POINTS: The Singular Dative Case

"Yes", "It is" and "Two and singular nouns"

### DEREK:

Hello. We're on the Isle of Skye. The Isle of Skye is on the west coast between the mainland and the Western Isles.

The west coast is beautiful with many long lochs cutting into the mountains of the mainland, such as Loch Nevis and Loch Hourn. These two lochs are near the Isle of Skye, and there are long lochs on the Isle of Skye too, such as Loch Scavaig, which cuts into the Island.

The Isle of Skye is famous. It's a large island, and also a beautiful island, especially where the famous high mountains - The Cuillin Hills - rise steeply out of the sea.

Although the Isle of Skye is a large island, not many people live there. Nowadays, around ten thousand people live on the Isle of Skye, and most of those people live in small townships such as Tarskavaig in Sleat.

There are larger settlements on the island too. The southern end is closer to the mainland, and there are two fairly large villages in the south end. Kyleakin is one of those villages. There's now a bridge there, but at one time, a ferry connected Kyleakin with Kyle of Lochalsh on the mainland. Kyle of Lochalsh is also a large village, with a railway line to Inverness.

## B-M30: An t-Eilean Sgitheanach

The Isle of Skye

Presenter: Derek Mackay



Air ais anns an Eilean Sgitheanach, tha baile mòr eile anns a' cheann a deas - An t-Àth Leathann. Tha gu leòr anns an Àth Leathann. Tha am banca ann, an t-ospadal, bùithtean, taighean-òsta agus taighean-bìdh, a' gharaid, an sgoil agus talla a' bhaile.

Tha an rathad mòr eadar an t-Àth Leathann agus Port Rìgh anns a' cheann a tuath glè mhath a-nis. 'S e Port Rìgh am baile as motha anns an Eilean Sgitheanach, agus còrr is dà mhìle duine a' fuireach ann. Tha rudan gu leòr anns a' bhaile, dìreach mar a tha ann am baile sam bith eile. Tha an cala glè bhrèagha ann am Port Rìgh, le togalaichean dathach air a' chidhe agus bàtaichean beaga anns an loch. Bha an cidhe gu math trang le bàtaichean-iasgaich aig aon àm ach chan eil e cho trang a-nis.

Tha dà rathad a' dol gu tuath a-mach às a' bhaile. Tha aon rathad a' dol dhan Taobh Sear agus seachad air a' Chuith-raing, agus tha rathad eile ann do dh' Ùige far a bheil aiseagan ann a-null dha na Hearadh agus a dh'Uibhist. Tha an dàrna rathad a' dol a Dhùn Bheagain cuideachd far a bheil an caisteal ainmeil aig Clann MhicLeòid. Tha Clann MhicLeòid air a bhith a' fuireach anns a' chaisteal seo o chionn fhada.

A' dràibheadh air ais à Dùn Bheagain dhan Àth Leathann, tha an rathad a' dol seachad air lochan fada eile, mar a tha Loch Harport. Tha taigh-staile air a' chladach ann an Carabost ri taobh Loch Harport, agus 's e Talaisgeir air t-ainm a th' air. Tha an t-uisge-beatha às an taigh-staile seo gu math ainmeil, agus tha blas làidir air an uisge-bheatha. Ma tha uisge-beatha a' còrdadh riut, feuch am fear seo.

Back on the Isle of Skye, there's another large village in the south end - Broadford. There's quite a lot in Broadford. There's the bank, the hospital, shops, hotels and restaurants, the garage, the school and village hall.

The main road between Broadford and Portree in the north is very good now. Portree is the largest town on the Isle of Skye, and over two thousand people live there. There are many facilities in the town, just like there are in any other town. There's a lovely harbour in Portree, with colourful buildings on the quay and little boats in the loch. At one time, the quay bustled with fishing boats, but it's less busy now.

There are two roads out of the town to the north. One road goes to the East Side and passes the Quiraing, while the other road goes to Uig, where ferries leave for Harris and Uist. The second road also leads to Dunvegan the location of Clan MacLeod's famous castle. The MacLeods have lived in this castle for a long time.

Driving back from Dunvegan to Broadford, the road passes other long lochs, such as Loch Harport. There's a distillery on the shore in Carabost beside Loch Harport, and it's called Talisker. The whisky produced in this distillery is quite well-known, and the whisky has a strong flavour. If you enjoy whisky, it's worth trying this one.

## B-M30: An t-Eilean Sgitheanach

The Isle of Skye

Presenter: Derek Mackay



Seachad air Loch Harport, tha an rathad a' dol a-steach dhan Eilean bhon chosta an iar dhan chosta an ear, ach chan eil àite sam bith anns an Eilean Sgitheanach fada bhon chosta. Chan eil ach còig mìle eadar an costa an iar aig Loch Harport agus an costa an ear ann an Sligeachan.

Air ais air an rathad eile, chan eil e a' toirt fada a' dràibheadh bho Shligeachan dhan drochaid ann an Caol Àcain no dhan aiseag ann an Armadal. Agus sin cuairt ghoirid agus cunntas goirid air an Eilean Sgitheanach.

A-nis sùil air ais air cuid de na facail a bh' againn. Bidh na facail air an sgrìne ann an sgrìobhadh cuideachd.

An t-Eilean Sgitheanach.

Tha sinn anns an Eilean Sgitheanach.

An costa an iar.

Tha an t-Eilean Sgitheanach air a' chosta an iar.

An Caol.

'S e baile mòr a th' anns a' Chaol.

An t-Àth Leathann.

Tha gu leòr anns an Àth Leathann.

Am baile.

A-mach às a' bhaile.

Beyond Loch Harport, the road moves inland crossing from the west coast to the east coast, but nowhere on the Isle of Skye is far from the coast. It's only five miles from the west coast at Loch Harport to the east coast at Sligachan.

Back on the other road, it doesn't take long to drive from Sligachan to the bridge in Kyleakin or to the ferry in Armadale. That's a short tour of and guide to the Isle of Skye.

Now we'll look at some of the words we used. The words will also appear on the screen.

The Isle of Skye.

We're on the Isle of Skye.

The west coast.

The Isle of Skye is on the west coast.

Kyle (of Lochalsh).

Kyle (of Lochalsh) is a large village.

Broadford.

There's quite a lot in Broadford.

The town.

Out of town.

## B-M30: An t-Eilean Sgitheanach

The Isle of Skye

Presenter: Derek Mackay



Dà loch.

Two lochs.

Dà bhaile.

Two villages.

Dà mhìle.

Two miles.

Dà rathad.

Two roads.

Sin e ma-thà.

That's all.

Mar sin leat an-dràsta.

Goodbye for now.